

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air a' mholadh a thaobh sgoil Ghàidhlig ainmichte a stèidheachadh ann an Dùn Èideann

07 An Dàmhair 2011

Tha Bòrd na Gàidhlig air fàilte a chur air a' mholadh bho Gillian Tee, Stiùiriche Chloinne is Theaghlaichean ann an Comhairle Baile Dhùn Èideann, gun aontaich a' Chomhairle nas fhaide air adhart air a' mhìos seo ri sgoil Ghàidhlig ainmichte a chruthachadh. A bharrachd air Bòrd na Gàidhlig, bha pàrantan agus luchd-freagairt eile don phròiseas co-chomhairleachaidh, gu h-aon-ghuthach fàbharach don mholadh seo, gus an t-iarrtas airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa bhaile a tha a' sior fhàs, a choinneachadh.

Dh'fhoillsich am Bòrd a' cho-chomhairle aca air Plàna Càinain Nàiseanta Gàidhlig ann an Dùn Èideann an t-seachdain-sa, agus choinnich iad ri pàrantan, riochdairean coimhairsnachd agus oifigearan bho Chomhairle Baile Dhùn Èideann aig coinneamh phoblach, far an deach taic do sgoil Ghàidhlig ath-dhaingneachadh. A' leantainn air a' choinneamh, ann an litir gu Stiùiriche na Comhairle, tha Ceannard Bhòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh, air taic a' Bhùird a thairgsinn don Chomhairle agus don choimhairsnachd san fharsaingeachd ann an Dùn Èideann, gus planadh airson fàs seasmhach a bhunaiteachadh ann am foghlam Gàidhlig aig gach ìre.

Thuirt Mgr MacAoidh: "Ma thig a' Chomhairle gu co-dhùnadh deimhinneach nas fhaide air adhart den mhìos seo, gus taic a chur ris a' mholadh a thaobh Sgoil Ghàidhlig ainmichte a chruthachadh, tha e cudromach gum bi pàrantan agus a' choimhairsnachd fharsaing ag obair còmhla ris a' Chomhairle gus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa Bhaile a leasachadh 's a chuideachadh, a' gabhail cunntas air an leantalachd bhon dachaigh gun roinn ro-sgoile agus troimhe gu foghlam foirmeil adhartach, àrd-ìre agus foghlam neo-foirmeil inbheach, airson déanamh cinnteach à fàs seasmhach. Bhithinn a' sùileachadh gum bi a h-uile buidheann Gàidhlig, agus gu h-àraid na buidhnean air am maoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, a' gabhail ris an dòigh-obrach seo."

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu:

**Steven MacÌomhair, Oifigear Conaltraidh agus Cùisean Corporra aig Bord na Gaidhlig
airsteven@gaidhlig.org.uk no air fòn gu 07557 481 081.**

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Bòrd na Gàidhlig welcomes proposal to establish dedicated Gaelic school in Edinburgh

07 October 2011

Bòrd na Gàidhlig has welcomed the recommendation by the Director of Children and Families at the City of Edinburgh Council, Gillian Tee, that the option of creating a dedicated Gaelic Medium school be agreed by the Council later this month. As well as Bòrd na Gàidhlig, parents and other respondents to the consultation process overwhelmingly favoured this approach to meet the soaring demand for Gaelic Medium education in the city.

The Bòrd launched its consultation on the National Gaelic Language Plan in Edinburgh this week and met with parents, community representatives and officers of City of Edinburgh Council at a public meeting where support for a Gaelic school was reinforced. Following the meeting, In a letter to the Council Director, the Ceannard (CEO) of Bòrd na Gàidhlig, John Angus MacKay, has offered the support of the Bòrd to the Council and the wider community in Edinburgh in planning for and securing sustained growth in Gaelic education at all stages. Mr MacKay said: “If Council takes a positive decision later this month in support of creating a dedicated Gaelic Medium School, it is important that parents and the wider community should work with the Council to develop and support Gaelic medium education in the City, taking account of the continuum from the home and pre-school sector right through formal education to further, higher and informal adult education to ensure sustainable growth. I would envisage all Gaelic groups, and certainly those that Bòrd na Gàidhlig funds, committing to this approach.”

For Further information, contact:

Steven MacIver, Communications and Corporate Affairs Officer at Bord na Gaidhlig
atsteven@gaidhlig.org.uk or by phone on 07557 481 081.